

Brath naidheachd bho Sgioba Rannsachaidh an leabhair, Staing na Gàidhlig: Bliadhna bho chaidh an leabhar fhoillseachadh: a’ coimhead air ais agus air adhart.

## 2 Iùchar 2021

Chaidh an leabhar *the Gaelic Crisis in the Vernacular Community* fhoillseachadh o chionn bliadhna agus tha e air buaidh a thoirt air deasbadaidh agus cùisean poileataigeach, acadaimigeach agus gnothaichean leasachaidh bhon uair sin.

Dh’atharraich an leabhar an deasbad mu gnothaichean Gàidhlig san t-seadh gu bheil tuigse nas fheàrr ann a-nis air ìre na staing am measg nan coimhearsnachdan Gàidhlig anns na h-eileanan. Tha fios fada nas fheàrr againn air na feumalachan leasachaidh aig na coimhearsnachdan agus air an ro-innleachd a tha a dhìth gus am bi àite mar is ceart aca fhèin anns na leasachaidhean a nì feum dhaibh – smachd a chur ann an làmhnan nan coimhearsnachdan fhèin.

### *Co-chomhairleachadh às aonais adhartais*

Chaidh tòrr cho-chomhairleachaidhean a chumail ri coimhearsnachdan agus buidhnean Gàidhlig bhon uair sin ach chan eil fhios fhathast dè na toraidhean pragtaigeach a thàinig asta. Bha e cudromach gun robh cothrom aig muinntir nan sgìrean bruidhinn air an t-suidheachadh aca agus air cor na Gàidhlig, agus gum biodh luchd poileataigs ag èisteachd ris na beachdan aca, ach feumar adhartas a dhèanamh gus am bi ro-innleachd ùr ann airson dèiligeadh ris an staing anns a bheil a’ choimhearsnachd. Sheall toraidhean an leabhair nach eil status quo nam poileasaidhean Gàidhlig agus leasachaidhean Gàidhlig freagarrach no làidir gu leòr airson cuideachadh a thoirt dhan phoball.

Sheall an aithisg air a’ cho-chomhairleachadh a rinn Alasdair Allan agus buill phàrlamaid eile gun robh daoine sna h-eileanan ag aontachadh ris an t-sealladh air an t-suidheachadh mar a chaidh a shealltainn anns an leabhar rannsachaidh againn agus bha a’ mhòrchuid a’ gabhail ri molaidhean an leabhair gu bheil sinn feumach air structar ùr airson coimhearsnachd na Gàidhlig anns na h-eileanan a dhìon. Tha sin a’ sealltainn nach eil an dòigh leasachaidh a tha ann an-dràsta gu mòran feum.

A dh’aindeoin sin, is beag an t-adhartas a chaidh a dhèanamh gus ro-innleachd ùr a chumadh agus a stèidheachadh bhon uair sin. ’S e co-chomhairleachadh às aonais adhartais a chaidh a dhèanamh. Dè am feum a tha air beul bhreagha nuair a tha a’ choimhearsnachd ann an staing? A rèir mar a sheall an leabhar, tha na h-eileanaich feumach air structar ùr airson cor na Gàidhlig a thoirt air adhart anns na sgìrean aca.

Mura bi na buidhnean oifigeil a’ toirt ceannardas gu leòr do na Gàidheil san t-suidheachadh èiginneach far a bheil iad, bidh am poball a’ call earbsa ann an comasan agus ùidh luchd poileataigs agus luchd-leasachaidh sna h-oidhirpean a nì iad gus taic a chumail ris a’ choimhearsnachd.

## Gabhail pàirt ann an còmhradh onarach fosgailte mu Staing na Gàidhlig

Thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad, bha e na thàmailt dhan choimhearsnachd nach robh Bòrd na Gàidhlig deònach pàirt a ghabhail ann an còmhradh onarach fosgailte mu staing na Gàidhlig. Cha bhi an seachnadh oifigeil sin a' cur stad air a' chrìonadh a tha sinn a' faicinn an-dràsta. Feumaidh cùisean atharrachadh airson cùisean a thionnadh mun cuairt. Sheall am Bòrd barrachd ùidhe ann an smachd a chumail air cùisean mar a tha iad seach meòrachadh mar is ceart, ann an co-bhannt ris a' choimhearsnachd, air an ro-innleachd ùr a tha a dhith airson leasachadh freagarrach a stèidheachadh.

## Airson gluasad air adhart

An rud a dh'fheumas tachairt an-dràsta, mar a chaidh a mholadh san leabhar, *the Gaelic Crisis in the Vernacular Community*, 's e gum feum sinn mar shluagh aideachadh gu bheil fìor staing anns na coimhearsnachdan Gàidhlig mu dheireadh agus gun cruthaich luchd-poileasaidh, còmhla ri daoine bho na coimhearsnachdan, dòighean-obrach ùra agus ro-innleachdan buntainneach gus piseach a thoirt air an staing. Bhiodh an dòigh-obrach sin cuideachail dhan h-uile duine.

Gus am bi còmhradh fosgailte ann tha feum air:

- Fòram no tional co-chomhairleachaidh a stèidheachadh anns na h-eileanan airson na beachdan aig muinntir nan sgìrean sin fhaighinn air an rathad air adhart;
- Buidheann obrach a stèidheachadh anns am bi riochdairean nan coimhearsnachdan, luchd-poileasaidh agus acadaimigich airson ro-innleachd ùr a chruthachadh gus leasachadh ceart freagarrach a chur air dòigh anns na h-eileanan.

Ma thig tuigse ùr a-mach às an deasbad agus an conaltradh seo air cho cudromach is a tha na h-eileanan agus muinntir nan eilean airson Gàidhlig a chumail a' dol is e a' chiad cheum air adhart a tha an sin.